

## Ga mheas: Dreachd Plana Nàiseanta na Gàidhlig

### Mar phàirt dhen cho-chomhairleachadh aig Bòrd na Gàidhlig

A' tòiseachadh aig an fhìor thoiseach dhen phlana, agus a' sìor dhol air adhart:

"An Eachdraidh" - tha seo uile fìor mhath, *ach*:

t.d. 5 Tha sibh a' cur cus earbsa sa chunntas-sluaigh mu dheireadh. A bheil na figearan earbsach?

t.d. 9 "An Rùn" - chan eil e buileach soilleir ma thèid an cuideam as motha a chur daonnan air "Spionnadh: Dachaigh", mar bu chòir, nuair a thig e gu obair a' Bhùird agus na "primary players".

t.d. 10 "Planadh Cànain" - feumaidh an rannsachadh a tha sibh a' moladh (a thaobh cleachdadh na Gàidhlig) a bhith freumhaichte anns na tha daoine dha-rìribh a' dèanamh, seach na tha iad ag ràdh gu bheil iad a' dèanamh!

"Spionnadh"

t.d. 13 - Tha "an dachaigh" a' nochdadh mar chiad "theme" sa chiad "action area". Ach saoil a bheil am Bòrd a' toirt prìomhachas dhan "theme" seo os cionn chàich, sa h-uile suidheachadh - mar bu chòir? Air neo an e tuiteamas a th' ann gu bheil e a' nochdadh sa phrìomh àite? Feumaidh soilleireachd, no gabhaidh na "primary players" bràth oirbh le bhith ga sheachdnadh.

t.d. 16 "Promote ... courses designed to promote workforce language skills". Bho na dh'fhiosraich mise, cha bhith a leithid a chùrsaichean gu mòran feum. Bheir e iomadach bliadhna tomhas de dh'fhileantachd a ruigheachd - ma mhaireas an cùrsa (agus na h-oileanaich) cho fada sin!

t.d. 17 - "Corpus Planning" Tha seo math gu ìre, ach tha e deatamach gum bi leudachadh briathrachais un urra ri fileantaich aig an robh a' Ghàidhlig bhon dùthchas, agus chan ann ri luchd-ionnsachaidh, deagh rùn ann no às. Bidh e doirbh grèim fhaighinn air gu leòr a dhaoine a tha an dà chuid fileanta, is ealanta a thaobh litreachais; ach tha e cho cudromach 's a ghabhas gum bith a h-uile rud stèidhichte air Gàidhlig nàdarra, air na tha na fileantaich ag ràdh. Air neo thèid a' choimhearsnachd a chur dheth - chithear seo a' tachairt mar-thà. Tha seo fìor a thaobh eadar-theangachaidh cuideachd.

"Inbhe"

t.d. 21 - "Promote interest in acquiring Gaelic as a life choice" - fìor mhath!

t.d. 23 - "Promote support by cultural organisations for Gaelic heritage ...". Tha buidhnean cultarail a' cur na Gàidhlig gu feum ann an dòigh glè *tokenistic*. Saoil a bheil seo gu maith na Gàidhlig?

"Foghlam"

t.d. 25 - "An impressive and progressive Gaelic-medium system exists ..." Saoil an e an fhirinn a th' ann? Tha teagamhan air nochdadh mu FTMG bho chionn ghoirid. Tha cunnart ann a bhith a' cur cus earbsa ann an FTMG. Bha sealladh nas geur-shùilich agaibh cheana sa "Background", t.d. 6, "... there are still difficulties in the system which need to be addressed".

t.d 28 "Expand & resource appropriately the provision & uptake of tertiary Gaelic immersion courses" - glè mhath! Ach dh'fheumadh na cùrsaichean a bhith nas brìghmhoire na tha iad an-dràsta, is àireamh an luchd-ionnsachaidh a ruigeas fileantachd cho beag bìodach.

#### "The Arts"

t.d. 33 Dè a th' ann an "the Gaelic arts" co-dhiù? Tha mìneachadh a dhìth an seo. Rud eile - glè thrìc tha cleachdadh na Gàidhlig sna "Gàidhlig arts" gu math *tokenistic* na dhòigh; tha sin ri ràdh, chithear gleanns Gàidhlig ga chur air tachartas a tha dha-rìribh Beurla na nàdar. Cuideachd, 's e saoghal Gàidhlig gu math *emasculated* a gheibhear sna tachartasan seo, agus bho na dh'fhiosraich mise thèid mòran sa choimhearsnachd Gàidhlig a chur dheth leis.

Chan eil earbsa agam às na "primary players" san roinn seo; tha m.e. Fèisean nan Gàidheal gu math Beurla san dol-a-mach aca. Caillidh am plana creideas air sgàth seo.

#### "Communications"

t.d. 36 : Broadcasting Distribution" Chan eil an dreachd plana a' sonrachadh TBh seach rèidio. Tha tòrr a' bharrachd feum air rèidio, is e cho uile-lathaireach agus saor an coimeas ri TBh. 'S e mearachd a bhiodh ann cus airgead a chaitheamh air TBh; tha mi cinnteach gun do leugh sibh Joshua Fishman air a' phuing seo.

#### Ann an co-dhùnadh ...

Tha e math a bhith a' faicinn planadh cànan ga chur an gnìomh mu dheireadh thall, agus tha mòran san dreachd plana a tha ri mholadh. Ach tha duilgheadasan ann. Tha a' Ghàidhlig caran annasach, coimheach, ach tha fios gu bheil e doirbh dhuibh, gu bheil cainnt "oifigeil" a dhìth oirnn - puing air a bheil am plana fhèin a' tighinn. Ach nas cudromaiche buileach, tha am plana stèidhichte gu ìre air seann bharailean a th' air an creideas a chall, mu m.e. FTMG, no mu chomas chùrsaichean ghoirid air daoine a thoirt gu fileantachd. Agus chan eil sibh a' daingneachadh an aon phuing as motha cuideam - aiseag eadar nan ginealachdan san dachaigh.

Chanainnsa gu bheil cùisean air a dhol ro fhada airson na Gàidhlig, chun na h-ìre far nach obraich plana sam bith. Dhomhsa, tha an cànan an urra ri gach neach againn fa leth, agus chan ann ri plana mòr bho os ar cionn. Gu math thèid leibh san iomairt seo, ged-tà.

**08.11.06**

**Neil McRae BVM&S, Cert VA, MRCVS**